

AINM: CLAS:

Ìre 3-5 Fìleantaich

Ri Aghaidh na Creig

le Maoilios Caimbeul

Dh'aithnicheadh e fhèin agus Seòras Anna on a bha iad òg san sgoil. Bha gaol aig an dithis aca oirre ach 's e Seòras a roghnaich i aig a' cheann thall.



Faclair

Coimhead air na faclan gu h-ìosal. Dè a' chiall cheart a rèir an stòiridh?

1. **faileasach**

- (a) dorcha
- (b) gleansach
- (c) soilleir
- (d) dathte

2. **gàirdeachas**

- (a) eagal
- (b) bròn
- (c) toileachas
- (d) farmad

3. **fèitheach**

- (a) làidir
- (b) reamhar
- (c) caol
- (d) àrd

4. **a' co-fhreagradh**

- (a) a' dol gu math còmhla
- (b) ann am bùrach
- (c) dathan agus stoidhlichean eadar-dhealaichte a' nochdadh còmhla
- (d) a' dol an aghaidh a chèile



5. **mathanas**
- (a) adhbhar
 - (b) ùrnaigh
 - (c) leisgeul airson rudeigin a dhèanamh
 - (d) sgaradh-pòsaidh
6. **achlais**
- (a) adhbrann
 - (b) sliasaid
 - (c) eadar uilinn is làmh
 - (d) fo ghàirdean
7. **mean air mhean**
- (a) beag air bheag
 - (b) aig astar
 - (c) aig an aon àm
 - (d) aig diofar amannan
8. **diorrasach**
- (a) rag
 - (b) rudeigin nach gabh a mhìneachadh
 - (c) annasach
 - (d) mì-chofhurtail

Ceistean

Ann am buidhnean, smaoinichibh air na ceistean gu h-ìosal:


1. Ciamar a tha e follaiseach gu bheil beatha chofhurtail aig Micheal aig toiseach na sgeòil?
2. Dè seòrsa beatha a tha aig Seòras agus Anna còmhla? Thoir seachad fianais às an stòiridh.
3. Dè beachd Mhìcheil air Anna? Dè a' chiad phìos fiosrachaidh a gheibh sinn gun robh rudeigin eatarra o chionn trì bliadhna?
4. Ciamar a tha Seòras a' dèiligeadh ri Mìcheal nuair a thèid e dhan taigh? A bheil dad nèonach mun dòigh sa bheil e ga ghiùlan fhèin?
5. Ciamar a tha Mìcheal a' faireachdainn fhad 's a tha e san taigh? Tagh eisimpleir no dhà bhon stòiridh airson do fhreagairt a mhìneachadh.
6. Saoil carson a thagh Seòras Bodach an Stòrr airson a dhol a shreap?
7. Carson nach eil Mìcheal a' faireachdainn mar bu chòir an-ath-mhadainn?
8. Seall mar a tha Seòras ag atharrachadh nuair a bhios iad ag ullachadh agus a' tòiseachadh air sreap.
9. Dè a' bhuaidh a th' aig naidheachd Sheòrais air Mìcheal?
10. Dè a' bhuaidh a tha aig an eagal air bodhaig Mhìcheil. Thoir seachad eisimpleirean.

11. Ciamar a tha Seòras an dùil Micheal a mharbhadh?
12. A bheil thu den bheachd gu bheil Seòras air seo a chur air dòigh o chionn fhada? Mìnich do fhreagairt.
13. Carson a tha Micheal a' caoineadh aig an deireadh? Bu chòir dhut, co-dhiù, trì adhbharan eadar-dhealaichte a thoirt seachad.

A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh pìos mun sgeulachd ag ainmeachadh na leanas:

1. Ainm na sgeulachd agus ainm an ùghdair.
2. Cò mu dheidhinn a tha an sgeulachd?
3. Na caractaran agus am pàirt a th' aca san stòiridh. Ainmich mar a tha cuid ag atharrachadh.
4. Suidheachadh – a bheil seo a' dèanamh feum do dheireadh an stòiridh? Mìnich carson.
5. Na dòighean a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh airson an stòiridh a dhèanamh inntinneach, tarraingeach dhan leughadair. Smaoinich gu h-àraid air an dòigh san deach an stòiridh innse. Beachdaich air na dòighean a th' aig an sgrìobhadair aire an leughadair a chumail fhad 's a tha an dithis fhìreannach a' sreap. Smaoinich cuideachd air mar a tha gnothaichean air am fàgail aig an deireadh. A bheil an leughadair airson barrachd fhaighinn a-mach? Carson?
6. A bheil an stòiridh coltach ris na siabainn air an telebhisean? Ciamar a tha iad coltach ri chèile? Smaoinich air an stòiridh fhèin: caractaran, murt, triantan gaoil, briseadh-cridhe ...






Obair càraid/buidhne

Gu math tric, nuair a chì thu film ùr a tha a' còrdadh ri daoine, tha fhios agad glè mhath gun tèid sreath de fhilmichean air an aon chuspair a dhèanamh, mar as trice, le cuid de na h-aon charactaran.

Chaidh iarraidh oirbh sgrìobt dràma a sgrìobhadh mu Mhìcheal agus Anna agus gu dè thachair an dèidh na tubaist air an Stòrr – **Ri Aghaidh na Creig 2**. A bheil Mìcheal is Anna toilichte gu bràth tuilleadh no a bheil Seòras air a h-uile càil a mhilleadh orra? A bheil trioblaidean aig Mìcheal a bhith a' toirt air daoine an sgeulachd aige a chreidsinn? A bheil Anna a' gabhail ris an stòiridh no a bheil i a' cur coire air Mìcheal airson na thachair do Sheòras? Faodaidh caractaran ùra a bhith a' nochdadh san sgrìobt cuideachd.

Nuair a bhios sibh deiseil, faodaidh sibh dealbh-chluich a chur air dòigh. Faodaidh sibh an dealbh-chluich a chlàradh agus a shealltainn air beulaibh a' chlas air fad gus an dèan a h-uile duine fèin-mheasadh air ciamar a chaidh dhaibh agus measadh air cluich a h-uile sgioba eile. Dè bhiodh sibh ag iarraidh atharrachadh an-ath-thuras?



Obair leudachaidh

Gheibhear an dealbh-chluich Ri Aghaidh na Creig air làrach Stòrlann cuideachd: www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html